# BÒRD NA GÀIDHLIG

## Geàrr-chunntas Coinneamh a' Bhùird Stiùiridh aig 10.30 air Diciadain 05 Ògmhios 2019 ann an Tallaichean a' Chorrain, An t-Òban

**Buill an làthair:**
Màiri T NicAonghais (Cathraiche Eadar-amail) [MTNA] *(bho phuing 4)*
Ailean Caimbeul [AC]
Dòmhnall MacLeòid [DML] *(anns a' chathair gus an do ràinig MTNA)*
Dòmhnall MacSuain [DMS]
Fiona Dunn [FD]
Jennifer Gilmour [JG]
Jim Whannel [JW]
Johan Nic a' Ghobhainn [JNG] *(bho phuing 4)*
Joy Dunlop [JD]
Màiri Anna NicUalraig [MANU]

**A' frithealadh:**
<u>Luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig</u>
Shona NiclIlinnein, Ceannard [SNI]
David Boag, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd [DB]
Alasdair MacFhionghuin, Ceann nan Seirbheisean Corporra [AMF]
Ailig Greumach, Ceann an Ionmhais (puing 6) [AG]
Steven Kellow, Oifigear Maoineachadh is Pròiseactan (puing 7) [SK]
Carol NicIain (Geàrr-chunntas) [CNI]

**1.0 CÙISEAN TÒISEACHAIDH**

**1.1 Fàilte**

Ghabh DML a' Chathair airson toiseach na coinneimh, bhon a bha MTNA is JNG gu bhith fadalach le trioblaidean siubhail. Chuir e fàilte air a h-uile duine chun na coinneimh.

## Minute of Board meeting held at 10:30 on Wednesday 05 June 2019 in the Corran Halls, Oban

**Members present:**
Mary T MacInnes (Interim Chair) [MTMI] (*from item 4*)
Allan Campbell [AC]
Donald MacLeod [DML] (*chairing until arrival of MTMI*)
Donald MacSween [DMS]
Fiona Dunn [FD]
Jennifer Gilmour [JG]
Jim Whannel [JW]
Johan Smith [JS] (*from item 4*)
Joy Dunlop [JD]
Mary Ann Kennedy [MAK]

**In attendance:**
<u>Bòrd na Gàidhlig staff</u>
Shona MacLennan, Ceannard [SML]
David Boag, Director of Language Planning and Community Developments [DB]
Alasdair MacKinnon, Head of Corporate Services [AMK]
Alex Graham, Head of Finance (item 6) [AG]
Steven Kellow, Funding and Projects Manager (item 7) [SK]
Carol Johnson (Minutes) [CJ]

**OPENING ITEMS**

**Welcome**

DML took the Chair at the beginning of the meeting as MTMI and JS were delayed by travel issues. He welcomed everybody to the meeting.

**1.2 Leisgeulan**

Cha robh leisgeulan ann ri chlàradh.

**Apologies**

There were no apologies to note.

**1.3 A’ nochdadh chom-pàirtean**

AC: Pàipear 6 An Comunn Gàidhealach
DML: Pàipear 6 CNES & CnaG
DMS: Pàipear 6 & 7 Colaiste a Chaisteil & Comhairle nan Eilean Siar
FD: Pàipear 6 & 7 Faclair na Gàidhlig & Glaschu Beò
JD: Pàipear 6 An Comunn Gàidhealach, Sabhal Mòr Ostaig & Fèisean nan Gàidheal
JG: Pàipear 6 Comhairle Baile Dhùn Èideann
JNG: Pàipear 6 Comhairle nan Leabhraichean & Acair
JW: Pàipear 6 Oilthigh Dhùn Èideann
MANU: Pàipear 6 An Comunn Gàidhealach agus Glaschu Beò
MTNA: Pàipear 6 Ceòlas & CNES

**Disclosure of interests**

AC: Paper 6 An Comunn Gàidhealach
DML: Paper 6 CNES & CnaG
DMS: Paper 6 & 7 Lews Castle College & Comhairle nan Eilean Siar
FD: Paper 6 & 7 Faclair na Gàidhlig & Glasgow Life
JD: Paper 6 An Comunn Gàidhealach, Sabhal Mòr Ostaig & Fèisean nan Gàidheal
JG: Paper 6 Edinburgh City Council
JS: Paper 6 Gaelic Books Council & Acair
JW: Paper 6 Edinburgh University
MAK: Paper 6 An Comunn Gàidhealach and Glasgow Life
MTMI: Paper 6 Ceòlas & CNES

**1.4 Gnothach Iomchaidh sam Bith Eile**

Chuir Buill an co-fhaireachdainn an cèill do theaghlaichean Dhonnchaidh MhicGuaire MBE agus an Oll. Iain MhicAonghais a chaochail, agus dh’ aithnich na Buill na chuir iad ri adhartachadh na Gàidhlig ann an Alba.

**Any Other Competent Business**

Members expressed their condolences to the families of Duncan MacQuarrie MBE. and Dr John MacInnes who both passed away, and Members acknowledged their contribution to promotion of Gaelic in Scotland.

**2.0 GEÀRR-CHUNNTAS AGUS GNÌOMHAN BHON CHOINNEIMH MU DHEIREADH**

**MINUTES AND MATTERS ARISING FROM THE LAST MEETING**

**2.1 Geàrr-chunntas Coinneamh a’ Bhùird a chaidh a chumail air 09/05/2019**

**Co-dhùnadh**

**DH’AONTAICH** na Buill ri geàrr-chunntas na coinneimh, leis na h-atharraichean a chaidh a mholadh.

**Minutes of the Board Meeting held on 09/05/2019**

**Decision**

The Members **AGREED** the minutes of the meeting subject to the recommended changes.

**2.2 Clàr Ghnìomhan**

**Co-dhùnadh**

Ghabh na Buill **FA-NEAR** don adhartas air a’ chlàr ghnìomhan bho choinneamhan a’ Bhùird.

**Table of Actions**

**Decision**

The Members **NOTED** progess on the table of actions from the Board meetings.

**3.0 LEASACHADH NA GÀIDHLIG**

**3.1 Amasan Àrd Ìre**

Thug DB fios as ùr air an t-suidheachadh aig Comhairle Aonghais.

<u>**Co-dhùnadh**</u>

**DH'AONTAICH** na Buill ris na molaidhean anns a' phàipear.

**3.2 Planaichean Gàidhlig**

**PT1: Alba Chruthachail (Cuairt 2)**

**PT2: Oilthigh Obar Dheathain (Cuairt 2)**

*Dh' fhàg DML an seòmar, is ghabh JW a' Chathair*

**PT3: Comhairle nan Eilean Siar (Cuairt 3)**

*Thill DML is ghabh e a' Chathair air ais*

**PT4: VisitScotland (Cuairt 3)**

**PT5: Comhairle Siorrachd Àir An Ear (Cuairt 2)**

<u>**Co-dhùnadh**</u>

**DH'AONTAICH** na Buill ris na molaidhean sa phàipear is ris na planaichean gu lèir, dìreach leis an aon phuing ri dhèanamh airson PT5.

<u>**Gnìomhan**</u>

PT1: DB gus coinneamh a chur air dòigh le Alba Cruthachail gus cuideachadh le leasachaidh agus buileachaidh a bharrachd air a' phlana Ghàidhlig aca.

PT5: Feumaidh DB iarraidh gun tèid aon loidhne a thoirt air falbh bho dhuilleag 10 ann am plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Àir an Ear.

**GAELIC DEVELOPMENT**

**High Level Aims**

DB gave an update about the situation at Angus Council.

<u>**Decision**</u>

The Members **AGREED** to the recommendations in paper.

**Gaelic Plans:**

**PT1: Creative Scotland (2nd Edition)**

**PT2: University of Aberdeen (2nd Edition)**

*DML left the room and JW took the Chair*

**PT3: Comhairle nan Eilean Siar (3rd Edition)**

*DML returned and took the Chair*

**PT4: VisitScotland (3rd Edition)**

**PT5: East Ayrshire (2nd Edition)**

<u>**Decision**</u>

The Members **AGREED** to the recommendations in the paper and to all the plans, subject to only one point relating to PT5.

<u>**Actions**</u>

PT1: DB to arrange a meeting with Creative Scotland to assist with further development and implementation of their Gaelic plan.

PT5: DB must request that one line on page 10 of East Ayshire's Gaelic plan be deleted.

**4.0 CONALTRADH**

**4.1 Cairt Luchd-uidhe**

Bhruidhinn AMF mun phàipear aige. Bha an Cairt luchd-uidhe seo airson fiosrachadh a thoirt dhan phoball mu na pròiseasan conaltradh againn. Bha e air a bhith tro phròiseas co-chomhairleachaidh le luchd-obrach agus leis an aonadh, leis an fhios air ais bhuapa an lùib an dreachd dheireannaich.

**Stakeholders' Charter**

AMK spoke to his paper. This Stakeholders' Charter was to inform the public about our communication processes. This had been through a consultation process with staff and the union, and subsequent feedback had been fed into the final draft.

**<u>Co-dhùnadh</u>**

**DH'AONTAICH** na Buill ri Cairt an Luchd-ùidhe an dèidh nan atharrachaidhean ainmichte.

**<u>Decision</u>**

The Members **AGREED** the Stakeholders' Charter subject to the changes identified

**4.2 Co-chomhairleachadh Poblach Plana Nàiseanta nan Eilean**

Bhruidhinn DB mun phàipear seo is chaidh deasbad air na h-amasan a thig tron Achd ùir.

**Public Consultation on the National Islands Plan**

DB spoke to this paper and the aims of the new Act were discussed.

**<u>Co-dhùnadh</u>**

**DH'AONTAICHEADH** ris an dreachd fhreagairt chun na co-chomhairle poblaich le atharrachaidhean comharraichte.

**<u>Decision</u>**

The draft response to the public consultation was **APPROVED** with marked amendments.

**5.0 CÙISEAN CORPORRA**

**CORPORATE AFFAIRS**

**POILEASAIDHEAN SGIOBACHD**

Bhruidhinn AMF mun phàipear aige, is an dèidh deasbad thug na Buill seachad na co-dhùnaidhean a leanas:

**HR POLICIES**

AMK spoke to his paper and following discussion, the Members decided as follows:

**PT1 Poileasaidh air Ìrean Giùlain**

**<u>Co-dhùnadh</u>**

**DH'AONTAICH** na Buill ris a' phoileasaidh.

**PT1 Policy on Standards of Behaviour**

**<u>Decision</u>**

The Member **AGREED** the policy.

**PT2 Poileasaidh airson Droch Aimsir**

**<u>Co-dhùnadh</u>**

**DH'AONTAICH** na Buill ris a' phoileasaidh.

**PT2 Bad Weather Policy**

**<u>Decision</u>**

The Members **AGREED** the policy.

**PT3 Poileasaidh mu bhith a' chleachdadh post-dealain agus an eadar-lìn.**
<u>**Co-dhùnadh**</u>
**DHIULT** na Buill am poileasaidh gus an gabh AMF comhairle laghail air.

Thug DML taing dhan sgioba airson na h-obrach a chaidh a dèanamh le ath-nuadhachadh nam poileasaidhean.

<u>**Gnìomh**</u>
Tha aig AMF ri comhairle laghail fhaighinn air a' phoileasaidh mu *bhith a' cleachdadh post-dealain agus an eadar-lìn,* is tillidh e chun a' Bhùird nas fhaide air adhart airson coimhead air a-rithist.

*Thàinig MTNA is JNG a-steach dhan choinneimh is ghabh MTNA a' Chathair bho DML*

**PT3 Policy on the use of email and the internet.**
<u>**Decision**</u>
The Members **REJECTED** the paper until AMK can take legal advice on it.

DML thanked the team for the work they had done in renewing the policies.

<u>**Action**</u>
AMF to obtain legal advice on the policy regarding the *use of e-mail and the internet* and will return to the Bòrd at a later date to look at it again.

*MTMI and JS joined the meeting and MTMI took over the chair from DML*

**6.0 IONMHAS**

**FINANCE**

**6.1 Aithisg Ionmhas gu 30/04/2019**
Thug AG tar-shealladh seachad air an aithisg gu deireadh a' Ghiblein 2019.

<u>**Co-dhùnadh**</u>
**GHABH** na buill ris an fhiosrachadh san aithisg, is thug iad taing do AG airson na h-obrach a rinn e.

**Financial report as at 30/04/2019**
AG gave an overview of the report as at the end of April 2019.

<u>**Decision**</u>
The Members **ACCEPTED** the information in the report and thanked AG for his work.

**7.0 IARRTASAN TAIC-AIRGID**

Bhruidhinn DB is SK mu na pàipearan, is bha deasbad air na h-iarrtasan leis na Buill.

**FUNDING REQUESTS**

DB and SK spoke to the papers and discussed the applications with Members.

**7.1 PT1 GLAIF**

*Dh' fhàg AG airson 1920/3026, DMS & DML airson 1920/3054 is dh' fhàg FD is JD airson 1920/3073*

<u>**Co-dhùnadh**</u>
**GHABH** buill ris an iarrtas seo:
1920/3026 Comhairle na Gàidhealtachd: Birth to Three Strategic Partnership [£45k bho buidseat 102022]

**PT1 GLAIF**

*AG left for 1920/3026, DMS & DML left for 1920/3054 and FD and JD left for 1920/3073*

<u>**Decision**</u>
The Members **AGREED** the following application:
1920/3026 The Highland Council: Birth to Three Strategic Partnership [£45k from budget 102022]

**Co-dhùnadh**
**GHABH** buill ris an dà iarrtas seo **ANN AM PRIONNSABAL:**
1920/3054 Comhairle nan Eilean Siar: Clasaichean Ulpan [£40k bho buidseat 102022]
1920/3073 Glaschu Beò: Gaelic Arts Strategy (Year 3): [£15k bho buidseat 102021]
Thèid taic a thoirt dhan dà phròiseact seo ma nochdas airgead sa bhuidseat tron bhliadhna ionmhas 2019/20.

**PT2 MAOIN CO-OBRACHAIDH**

*Dh' fhàg AC, JD is MANU airson 1920/505*

Thug DB iomradh air cho soirbheachail 's a tha an iomairt is gu bheil e a' toirt cothrom do bhuidhnean a tharraing nas fhaisg air a chèile. Tha e ag amas gun tig leasachadh, leis na buidhnean ag ionnsachadh rudan ùra is deagh dhòighean obrach bho càch a chèile, is a' neartachadh conaltradh.

**Co-dhùnadh**
**GHABH** na buill ris an iarrtas 1920/505 An Comunn Gàidhealach is Fèisean nan Gàidheal: Acadamaidh a' Mhòid & Craoladh a' Mhòid [£18k bho buidseat 101091]

Ghabh na buill **FA-NEAR** dhan fhiosrachadh air na co-dhùnaidhean eile leis a' mhaoineachadh seo bho Chomataidh Cleachdadh na Gàidhlig is bhon Sgioba Stiùiridh.

**Gnìomh**
Tha aig SK is DB ri faighinn a-mach a bheil adhbhar nach do chur gach prìomh bhuidheann a-steach airson an airgid bhon "Mhaoin Co-obrachaidh" tro na coinneamhan comhairle aca leotha.

*Thill AC, JD is MANU*

**PT3 Eile**
1922-22 Cànan – FILMG
Bhruidhinn DB is SK air a' phròiseact seo. Thog DML cho math 's a tha an iomairt seo air a bhith, is na buannachdan a tha air tighinn a-mach às an obair a tha Cànan a' dèanamh le sgoiltean air feadh Alba, ann an co-bhonn le MG ALBA.

**Decision**
The member **AGREED IN PRINCIPLE** to the following two applications:
1920/3054 Comhairle nan Eilean Siar: Ulpan Classes [£40k from budget 102022]
1920/3073 Glasgow Life: Gaelic Arts Strategy (Year 3): [£15k from budget 102021]
These two projects will be supported if money becomes available in the budget during the 2019/20 financial year.

**PT2 COLLABORATION FUND**

*AC, JD and MAK left for 1920/505*

DB commented on the success of the initiative and how it enables organisations to work more closely together. It aims to help development, with the organisations learning new things and good working practices from each other, and improving communication.

**Decision**
The Members **AGREED** application 1920/505 An Comunn Gàidhealach and Fèisean nan Gàidheal: Acadamaidh a' Mhòid & Craoladh a' Mhòid [£18k from budget 101091]

The Members **NOTED** the information on other decisions on this funding from the Gaelic Usage Committee and the Leadership Team.

**Action**
SK and DB are to find out whether there is a reason why not all main groups had not applied for funding from the "Collaboration Fund" during their advisory meetings with them.

*AC, JD and MAK returned*

**PT3 Other**
1922-22 Cànan – FILMG
DB and SK spoke about this project. DML highlighted the success of this initiative, and the benefits that are coming from the work that Cànan is doing with schools across Scotland, in partnership with MG ALBA.

**<u>Co-dhùnadh</u>**
**GHABH** na buill ris an iarrtas 1922-22 Cànan – FILMG [£58k bho buidseat 101066]

**<u>Gnìomh</u>**
Tha aig SK is DB ri cuireadh a thoirt do dh'Eilidh Rankin bho Chànan gu coinneamh a' Bhùird-stiùiridh, is iarraidh oirre beachdachadh dè tha fa-near dhaibh thairis air na bliadhnaichean ri teachd.

**<u>Decision</u>**
The Members **AGREED** application 1922-22 Cànan – FILMG [£58k from budget 101066]

**<u>Action</u>**
SK and DB to invite Eilidh Rankin from Cànan to a Bòrd meeting, and to ask her to consider what they have in mind over the coming years.

**8.0 RIANACHD CHUNNARTAN** / **RISK MANAGEMENT**

**8.1 Clàr Chunnartan Ro-innleachdail**
Bheachdaich Buill air a' chlàr chunnairt. Chaidh a mholadh gum bu chòir sùil a chumail air a' chlàr-ama airson Cathraiche ùr fhastadh, is gum bu chòir seo a chur mar chunnart ma tha dàil air a' phròiseas.

**Strategic Risk Register**
Members discussed the risk register. It was recommended that the timetable for the appointment of the new Cathraiche should be monitored, and that this should marked as a risk if the process is delayed.

**8.2 Clàr Chunnartan Obrach**
Bheachdaich Buill air a' chlàr chunnartan. Chaidh innse gun robh Joanne McHale an dèidh a bhith soirbheachail a' cur a-steach airson na h-obrach mar Mhanaidsear Foghlaim, is gun tèid an dreuchd a tha i a' fàgail a shanasachd a-nis.

**<u>Gnìomh</u>**
Tha aig AMF ri sùil a chumail air an t-suidheachadh a thaobh fastadh Cathraiche ùr agus seo a chur ris na clàran chunnartan mura h-eil co-dhùnadh ann mun phròiseas fastaidh ùr.

**Operational Risk Register**
Members discussed the risk register. It was reported that Joanne McHale had successfully applied for the job as Education Manager, and that her former post will now be advertised.

**<u>Action</u>**
AMK to monitor the situation regarding the appointment of new Cathraiche and to add this to the risk registers if there is no decision on the new appointment process.

**9.0 RIAGHLADH CORPORRA** / **CORPORATE GOVERNANCE**

**9.1 Gnàth-riaghailtean**
Bhruidhinn AMF mun phàipear le molaidhean airson dreachd ùr de gnàth-riaghailtean airson Bòrd na Gàidhlig.

Thugadh atharrachaidhean fa-near agus chaidh iarraidh air Buill atharrachaidhean sam bith eile a mholadh iad a chuir a-steach air post-dealain.

**<u>Gnìomh</u>**
Ni Ceann nan Seirbheisean Corporra ùrachadh ris an dreachd de na Gnàth-riaghailtean gus a chur air beulaibh a' Bhùird Stiùiridh san t-Sultain 2019.

**Standing Orders**
AMK spoke to the paper with recommendations for the new standing orders for Bòrd na Gàidhlig.

Changes were noted and Members were asked to submit any further suggested changes by email.

**<u>Action</u>**
The Head of Corporate Services will update draft Standing Orders for submission to the Board in September 2019.

**9.2 Bun-riaghailtean Comataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan**

**Co-dhùnadh**

**GHABH** na Buill ris an dreachd le molaidhean a chaidh ainmeachadh.

Thug an Cathraiche eadar-amail a' choinneamh gu crìch.

**Terms of Reference of the Audit & Risk Management Committee**

**Decision**

The members **APPROVED** the draft with suggested recommendations.

The Interim Chair brought the meeting to a close.

## Geàrr-chunntas Coinneamh a' Bhùird Stiùiridh aig 09.00 air Diardaoin 06 Ògmhios 2019 ann an Tallaichean a' Chorrain, An t-Òban

**Buill an làthair:**
Màiri T NicAonghais (Cathraiche Eadar-amail) [MTNA]
Ailean Caimbeul [AC]
Dòmhnall MacLeòid [DML]
Dòmhnall MacSuain [DMS]
Fiona Dunn [FD]
Jennifer Gilmour [JG]
Jim Whannel [JW]
Johan Nic a' Ghobhainn [JNG]
Joy Dunlop [JD]
Màiri Anna NicUalraig [MANU]

**A' frithealadh:**
Luchd-obrach Bòrd na Gàidhlig
Shona Niclllinnein, Ceannard [SNI]
David Boag, Stiùiriche Planadh Cànain is Leasachaidhean Coimhearsnachd [DB]
Alasdair MacFhionghuin, Ceann nan Seirbheisean Corporra [AMF]
Carol NicIain (Geàrr-chunntas) [CNI]

**10.0 CÙISEAN TÒISEACHAIDH**

**Fàilte**
Chuir an Cathraiche eadar-amail fàilte air na bha an làthair.,
Cha robh leisgeulan no com-pàirtean rin clàradh.
Thug MTNA taing do AMF is dhan sgioba stiùiridh gu lèir airson na h-obrach a rinn iad ag ullachadh airson na coinneimh.

## Minute of Board meeting held at 09.00 on Thursday 06 June 2019 in the Corran Halls, Oban

**Members present:**
Mary T MacInnes (Interim Chair) [MTMI]
Allan Campbell [AC]
Donald MacLeod [DML]
Donald MacSween [DMS]
Fiona Dunn [FD]
Jennifer Gilmour [JG]
Jim Whannel [JW]
Johan Smith [JS]
Joy Dunlop [JD]
Mary Ann Kennedy [MAK]

**In attendance:**
Bòrd na Gàidhlig staff
Shona MacLennan, Ceannard [SML]
Director of Language Planning and Community Developments [DB]
Alasdair MacKinnon, Head of Corporate Services [AMK]
Carol Johnson (Minutes) [CJ]

**OPENING ITEMS**

**Welcome**
The Interim Chair welcomed those present.
There were no apologies or declaration of interests to note.
MTMI thanked the leadership team for their work in preparing for the meeting.

| | | |
|---|---|---|
| **11.0** | **POILEASAIDHEAN** | **POLICIES** |
| **11.1** | **Poileasaidh Foill**<br>Thug AMF seachad am Poileasaidh Foill.<br><br>**<u>Co-dhùnadh:</u>**<br>An dèidh deasbad **GHABH** na Buill ris. | **Fraud Policy**<br>AMK presented the Fraud Policy.<br><br>**<u>Decision:</u>**<br>After discussion the members **AGREED** the policy. |
| **11.2** | **Poileasaidhean TFC**<br>Thug AMF seachad Poileasaidh airson Tèarainteachd Dhidseatach is Poileasaidh Fhaclan-faire.<br><br>**<u>Co-dhùnadh</u>**<br>An dèidh deasbad **GHABH** na Buill ris an dà phoileasaidh. | **ICT Policies**<br>AMF presented the Digital Security Policy and Password Policy.<br><br>**<u>Decision</u>**<br>After discussion the members **AGREED** to both policies. |
| **12.0** | **OBAIR NA BUIDHNE** | **WORK OF THE ORGANISATION** |
| **12.1** | **Sgrùdadh nas Fharsaing** - Fios as ùr<br>Thug an Ceannard fios as ùr do na Buill, bhon choinneimh mu dheireadh aig an fho-bhuidhinn air 15/05/2019.<br><br>Thèid ceann-latha eile a chur air dòigh cho luath 's a ghabhas airson Comataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan. Bidh coinneamh shònraichte den Bhòrd ann an dèidh sin.<br><br>Bidh an sgioba stiùiridh ann an co-bhonn ri Deloitte a-nis a' deasachadh plana gnìomh. | **Wider Scope Audit** - update<br>The Ceannard updated the Members on progress since the last meeting of the sub-committee on 15/05/2019.<br><br>Another date will be put forward as soon as possible for the Audit & Risk Management Committee. A special meeting of the Board will follow this.<br><br>The leadership team in conjunction with Deloitte will now develop an action plan. |
| **12.2** | **Coileanadh Ghnìomhan 2018/19**<br>An dèidh ùrachadh, chuairtich AMF pàipear ùr do na Buill. Dh'iarr e orra na beachdan aca air a thoirt air ais tro phost-dealain.<br><br>Thug an Ceannard seachad taing chun an sgioba gu lèir airson na h-obrach a rinn iad a' coileanadh nan amasan aig a' bhuidhinn tron bhliadhna. | **Implementation of Actions 2018/19**<br>After an update, AMK circulated a new paper to the Members. He asked them to return their comments by email.<br><br>The Ceannard thanked all the team for their work to achieve the organisations aims during the year. |
| **12.3** | **Prìomhachasan aig Bòrd na Gàidhlig**<br>Bheachdaich Buill agus oifigearan air prìomhachasan a' Bhùird agus mar a tha iad sin a' cur ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta. | **Bòrd na Gàidhlig Priorities**<br>Members and officers discussed the Board's priorities and how these contribute to the National Performance Framework. |

**Gnìomh**
Chaidh a mholadh, nuair a thathar a' toirt cuireadh don phoball a bhith an làthair aig tachartasan a' Bhùird, gum bu chòir an cothrom a bhith aca ceistean sam bith a tha iad airson a dheasbad a chur thugainn ro-làimh.

**Action**
It was recommended that when inviting the public to attend Board events, they should be given the opportunity beforehand to submit any questions they would wish to discuss.

**13.0 DREACH DE NA GEÀRR-CHUNNTASAN BHO CHUMADH A' CHOINNEAMH MU DHEIREADH DEN BHÒRD:**

PT1 Comataidh Cleachdadh na Gàidhlig 20/05/2019
PT2 Comataidh Cor na Buidhne 16/05/2019
PT3 Comataidh Ionnsachaidh 09/05/2019
PT4 Comataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan 05/03/2019 & 27/03/2019

**Co-dhùnadh**
Ghabh na Buill **FA-NEAR** do na dreachd geàrr-chunntasan.

**DRAFT MINUTES SINCE THE LAST BOARD MEETING WAS HELD**

PT1 Gaelic Usage Committee 20/05/2019
PT2 Organisational Welfare Committee 16/05/2019
PT3 Learning Committee 09/05/2019
PT4 Audit & Risk Management 05/03/2019 & 27/03/2019

**Decision**
The Members **NOTED** the draft minutes.

**14.0 CEANN-LATHA NA H-ATH CHOINNEIMH**

Chaidh a dhearbhadh gun deigheadh an ath Choinneamh den Bhòrd Stiùiridh a chumail an dèidh na coinneimh a bharrachd den Comataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan. An dèidh sin tha Am Bòrd Stiùiridh gu bhith a' coinneachadh air 11mh is 12mh den t-Sultain 2019 ann an Inbhir Nis.

Thug an Cathraiche Eadar-amail taing dhan Cheannard agus do na h-oifigearan uile airson na h-obrach a rinn iad ann a bhith ag ullachadh an fhiosrachaidh agus a' cur na coinneimh air dòigh agus do na Buill airson na comhairle is na taice aca.

Thàinig a' choinneamh gu crìch aig 12.25.

**DATE OF NEXT MEETING**

It was confirmed that the next Meeting of the Board would be held after the additional meeting of the Audit and Risk Management Committee. After this, the Board will meet on the 11th and 12th of September 2019 in Inverness.

The Interim Chair thanked the Ceannard and all the officers for their work in preparing the information and arranging the meeting and thanked the Members for their advice and support.

The meeting ended at 12.25.